


Plana Cànanain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022



A rèir Earrannan 3 agus 7 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Clàr-innse

	Duilleag
Facal Toisich	2
Geàrr-chunntas	3
Bun-fhiosrachadh mun Phlana	6
Structair a' Phlana	12
Caibideil 1 – Ro-ràdh	14
Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan don Ghàidhlig	21
Dearbh-aithne	24
Conaltradh	25
Foillseachaidhean	28
Luchd-obrach	31
Caibideil 3 – Raointean-gnìomh Gàidhlig	32
Gàidhlig san Dachaigh	33
Gàidhlig ann am Foghlam & Ionnsachadh	37
Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan	43
Gàidhlig san Àite-obrach	50
Gàidhlig sna h-Ealain & ann an Dualchas	55
Dealbhadh Corpais don Ghàidhlig	58
Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh	60
Fo-sgrìobhadh A – Cleachdadh na Gàidhlig sa Chomhairle	63

Facal Toisich

Tha mi toilichte mo thaic a chur ris an treas chuairt de Phlana Cànan Chomhairle nan Eilean Siar. Tha mi ann an suidheachadh fàbharach gu faca mi a' chiad dà chuairt den Phlana air am buileachadh agus tha an treas cuairt a leudachadh air na chaidh a choileanadh anns a' chiad dhà. Tha cliù aig Comhairle nan Eilean Siar airson an taic leantainneach dhan Ghàidhlig, glè thric fada seachad air feumalachd a' Phlana Nàiseanta.

Anns a' phlana seo, tha a' Chomhairle a' mìneachadh an rùn airson na ceithir bliadhna a tha romhainn, a' dèanamh mion-chunntas air na h-amasan tro na seirbheisean uile, nam measg sin, brosnachadh agus taic do Bhuill na Comhairle. Tha Comhairle nan Eilean Siar fortanach le Buill a tha taiceil dhan Ghàidhlig, agus a tha deònach bruidhinn air rèidio no telebhisean air cuspairean anns a bheil ùidh aca.

Tha sinn air fàs fhaicinn anns an àireamh sa cheud de chlann a' dol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns Na h-Eileanan an Iar, le cothroman cur-seachadan taobh-muigh na sgoile cuideachd a' dol am meud. Tha sinn gu sònraichte moiteil leis an adhartas air a choileanadh tro e-Sgoil a tha air stèidh làidir a thoirt do lìbhrigeadh foghlaim sna h-Eileanan an Iar tron dùthaich air fad, agus a' cumail taic ri teagasg chuspairean ann an sgìrean far nach eil e comasach luchd-teagaisg a thàladh. Chan e mhàin gu bheil e na ùr-ghnàthas a' freagairt dhùbhlain aig a' Chomhairle, tha e cuideachd a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail eile, ar co-oibrichean ann an Caidreachas a' Chinn a Tuath nam measg, le bhith a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an iomadh cuspair. Tha sgeama Preantasachd na Comhairle a' toirt cothrom dhuinn coimhead ris an àm ri teachd agus fàs a thoirt air luchd-obrach òg, gam misneachadh gu teisteanasan acadaimigeach fhaighinn fhad 's a tha iad a' leantainn le fuireach anns na h-eileanan, agus le sin a' dìon fheumalachdan san àm ri teachd agus tha sin a' gabhail a-steach feumalachdan a thaobh na Gàidhlig.

Coltach ri ùghdarrasan ionadail eile, tha a' Chomhairle a' coinneachadh ri na dùbhlain ionmhais, agus ann an compàirteachas le buidhnean eile a' gabhail cheumannan gus nach bi droch bhuidh air sochair ar coimhearsnachdan, nam measg sin a' dìon agus a' leasachadh an cànan agus an cultar.

Malcolm Burr
Àrd-oifigear
Comhairle nan Eilean Siar

Geàrr-chunntas

Gàidhlig mar Chànan Nàiseanta ann an Alba

Tha Comhairle nan Eilean Siar¹ ag aithneachadh nach e dìreach pàirt in-ghnèitheach de bheathannan, dearbh-aithne agus dualchas cultarach muinntir nan Eilean Siar a th' anns a' Ghàidhlig, ach, mar chànan oifigeil Albannach, tha i mar phàirt riatanach cuideachd de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus cultar na dùthcha fhèin.

Mar sin, tha a' Chomhairle a' cur taic làidir ri amasan *Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig*, a tha a' feuchainn ri stad a chur air crìonadh, agus ag amas air meudachadh, san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Gus seo a dhèanamh, tha a' Chomhairle air na structairean agus iomairtean deatamach an cur an gnìomh a tha ag amas air inbhe seasmhach a chruthachadh don Ghàidhlig sna h-Eileanan Siar.

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil staid na Gàidhlig lag ann an Alba. Bha Cunntas-sluaigh Nàiseanta 2011 a' sealltainn nach robh ann ach 1.7% de shluagh na h-Alba aig an robh sgilean Gàidhlig². Mar sin, ma thathar airson Gàidhlig a dh' ath-bheothachadh mar chànan beò san dùthaich, feumaidh an Riaghaltas, an earrann phoblach agus phrìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth oidhirp mhòr a dhèanamh le chèile, gus:


- **Inbhe na Gàidhlig a leasachadh;**
- **Ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus;**
- **Cleachdadh meudaichte na Gàidhlig a bhrosnachadh.**

Sheall Cunntas-sluaigh Nàiseanta 2011 gun robh 61.2% de dhaoine aois 3' s nas sine sna h-Eileanan Siar le sgilean Gàidhlig, an àireamh a bu mhotha an Alba, fad air thoiseach air sgìrean eile. Bha a' Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid san dàrna' s san treas àite, le 7.4% agus 5.9% fa leth, 's Glaschu san ceathramh àite le 1.7%, àireamh sa cheud na h-Alba air fad. Faodar seo fhaicinn ann am **Figear 1** gu h-ìosal:

¹ Uaireannan thèid iomradh a thoirt air mar, "A' Chomhairle", taobh a-staigh a' Phlana seo.

² Tha seo a' ciallachadh gu bheil 87,100 duine ann. Faicibh "Scotland's Census: Analytical Report (Part 1)"; <http://www.scotlandscensus.gov.uk/news/gaelic-analytical-report-part-1> agus "Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg na Gàidhlig (Earrann 1)"; <https://www.nrscotland.gov.uk/news/2015/cunntas-sluaigh-na-h-alba-2011-aithisg-na-gaidhlig-earrann-1>

Figear 1: Àireamh sa cheud de dhaoine aois 3' s nas sine le sgilean Gàidhlig ann an sgìrean na h-Alba:



Tha na h-àireamhan nas motha seo de dhaoine le sgilean Gàidhlig sna h-Eileanan a’ ciallachadh gu bheil Gàidhlig beò mar chànan coimhearsnachd ann an tòrr de sgìrean. Mar sin, tha Comhairle nan Eilean Siar ag aithneachadh gu bheil e air leth cudromach gu bheil am Plana Cànain seo an dà chuid a’ cruthachadh àrainneachd a tha a’ cur taic ri cleachdadh seasmhach, agus ath-bheòthachadh, na Gàidhlig sna coimhearsnachdan.

Am Plana

Thathar air am Plana Cànain Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022 a dheasachadh a thaobh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh a dheasachadh cuideachd a thaobh slatan-tomhais reachdail taobh a-staigh na h-Achd 2005, agus tro bhith a’ gabhail sùim ri *Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig* agus *Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig air Leasachadh Phlanaichean Cànain Gàidhlig*. A bharrachd air sin, chaidh a dheasachadh tro bhith a’ sgrùdadh an rannsachadh planadh cànain as ùr.

Tha am Plana seo mar an treas cuairt de Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle, 's a' Chomhairle air sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air amasan, toraidhean agus adhartas a’ Phlana 2013-2017.

Chaidh taic a chur dhan Phlana seo le Buill na Comhairle, às dèidh sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air aig Comataidh Poileasaidh agus Stòras, agus Comataidh Buileachaidh

Plana Cànan, comataidh Gàidhlig na Comhairle. Mar sin, tha làn thaic agus riarachadh aig a' Chomhairle don Phlana seo, agus tha ùghdarras aige.

Chaidh an dreachd Phlana cuideachd tro phròiseas co-chomhairleachaidh farsaing eadar 9 Dàmhair 2017 agus 20 Samhain 2017, agus chaidh beachdachadh air freagairtean agus beachdan choimhearsnachdan nan Eilean Siar agus buidhnean Gàidhlig ionadail agus nàiseanta mus deach dreachd den Phlana mu dheireadh a chur ri chèile.

Am measg eile, tha am Plana a' sealltainn mar a bhios a' Chomhairle a' dèanamh na leanas:

- **Cleachdadh Gàidhlig anns a h-obair 's seirbheisean làitheil;**
- **Brosnachadh 's leasachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne;**
- **Cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean nan Eilean;**
- **Leasachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) sna h-Eileanan;**
- **Cruthachadh chothroman do dhaoine òga gus Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta;**
- **Cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan Eilean, agus ceanglaichean a dhèanamh le obair eaconomach far a ghabhas a dhèanamh, agus;**
- **Cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain, ann an spòrs, agus ann an obair dualchais.**

A bharrachd air a bhith a' toagail air soirbheachadh a' chiad dà chuir den Phlana, tha an treas cuairt den Phlana seo a' gabhail sùim ri dòighean ùra anns am b' urrainnear Gàidhlig a chur air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach:

- **Mar a thathas a' cleachdadh Gàidhlig barrachd is barrachd ann an teicneòlas didseatach agus sna meadhannan sòisealta;**
- **"e-Sgoil nan Eilean Siar", sgoil air loidhne do sgoilearan air feadh nan Eilean;**
- **Buannachdan cognatach dà-chànanaid do chlann agus do dh' inbhich³, agus;**
- **Na buannachdan mòra eaconomach do ghnìomhachasan an Alba tro bhith a' cleachdadh Gàidhlig anns am bathar, seirbheisean agus margaideachd.⁴**

³ Faicibh, mar eisimpleir: Lauchlan, F. et al. (2012) "Bilingualism in Sardinia and Scotland: Exploring the Cognitive Benefits of Speaking a Minority Language", *International Journal of Bilingualism*, Giblean, 2012.

⁴ Faicibh, mar eisimpleir: aithisg Iomairt na Gàidhealtachd's nan Ealan (IGE), "Ar Stòras Gàidhlig", Cèitean, 2014.

Bun-Fhiosrachadh Mun Phlana

Prionnsapalan de Phlanadh Cànain

Tha Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2019-2022, an treas cuairt den Phlana, stèidhichte air leasachadh agus rannsachadh dealbhadh cànain a rinneadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta thairis air iomadh bliadhna. Tha seo a' gabhail a-steach, gu h-àraid, trì prionnsapalan de phaladh cànain a tha co-cheangailte, agus aithnichte aig ìre eadar-nàiseanta, le puingean-gnìomh nan lùib, a dh' fheumar cur an gnìomh ann a bhith a' deasachadh Phlanaichean-cànain. A thaobh Gàidhlig, 's iad mar a leanas:

1) Togail Cànain

A' meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh a' chànain aig an taigh am measg theaghlaichean, agus tro bhith a' cur chothroman èifeachdach air dòigh gus Gàidhlig a dh' ionnsachadh, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadh agus tar-chur thar ginealach na Gàidhlig aig an taigh;
- A' meudachadh na h-àireimh de chlann a' dol tro dh' fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig;
- A' meudachadh na h-àireimh de dh' inbhich ag ionnsachadh a' chànain, gus am bi iad fileanta.

2) Inbhe Cànain

A' meudachadh faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig, agus a' cruthachadh ìomhaigh bhrosnachail don Ghàidhlig ann am beatha poblach ann an Alba, tro bhith:

- A' meudachadh ìomhaigh agus cliù na Gàidhlig;
- A' meudachadh faicsinneachd agus aithneachadh na Gàidhlig.

3) Corpas Cànain

A' neartachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig, agus a' brosnachadh rannsachadh oirre, tro bhith:

- A' meudachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig;
- A' meudachadh inbhe agus ruigsinneachd eadar-theangachadh na Gàidhlig.

Tha Comhairle nan Eilean Siar dealasach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle a bhuileachadh a rèir nan trì prionnsapalan

planadh cànan gu h-àrd: togail cànan; inbhe cànan; agus corpas cànan. Tha seo ri fhaicinn ann an susbaint Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle.

Prìomh Sgrìobhainnean aig Bun-stèidh a' Phlana

A rèir Earrannan 3 agus 7 de dh' *Achd na Gàidhlig (Alba) 2005*, chaidh am Plana seo a chur ri chèile bho na seachd sgrìobhainnean a leanas:

1. Bòrd na Gàidhlig's National Gaelic Language Plan 2017-22

Tha am Plana Nàiseanta fo uachdranas Bòrd na Gàidhlig, buidheann-leasachaidh nàiseanta na Gàidhlig, air a chur air bhonn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha prìomh Amasan do leasachadh na Gàidhlig ann an Alba na bhroinn, a tha mar bhunait airson ro-innleachdan gus ath-bheòthachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, mar a leanas:

- **A' Cur Gàidhlig air Adhart** – dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur ìomhaigh dhòchasach air adhart don Ghàidhlig, agus gu bheil e soilleir gum bi Gàidhlig a' cur ri beatha shòisealta, chutarail agus eaconamach na dùthcha. Neartaichidh seo ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig;
- **Ag Ionnsachadh Gàidhlig** – dèanamh cinnteach gun àrdaich an àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leudachadh air cothroman Gàidhlig a dh' ionnsachadh aig diofar ìrean ann an diofar roinnean. Nì seo cinnteach gum bi barrachd dhaoine as urrainnear bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus tuigse Gàidhlig ann an Alba;
- **A' Cleachdadh Gàidhlig** – dèanamh cinnteach gun àrdaich an àireamh de dhaoine a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach suidheachaidhean ùra far an urrainnear Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltraidhean. Ri linn seo, bithear a' cleachdadh Gàidhlig nas trice ann am beatha phoblach na h-Alba.

Tha Comhairle nan Eilean Siar a' cur taic ri lèirsinn, amasan agus prìomh thargaid Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig, le bhith a' cur an gnìomh nam prionnsapalan bunaiteach a leanas: gum bu chòir Gàidhlig agus Beurla a bhith a' faighinn spèis co-ionann; gum bu chòir dha cleachdadh na Gàidhlig a bhith air a h-àbhaisteachadh ann am beatha phoblach sa h-uile dòigh; agus gun tèid cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chuideachadh far a ghabhas seo a dhèanamh ann na coimhearsnachdan nan Eilean Siar.

2. Plana Cànain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2013-2017

Chaidh an dàrna cuairt de Phlana Cànain na Comhairle airson 2013-17 a sgrìobhadh às dèidh co-chomhairleachaidh farsaing le Bòrd na Gàidhlig agus leis na coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar. Chaidh amasan na Comhairle a chur an cèill na bhroinn gus Gàidhlig a dh' ath-bheòthachadh thairis air na h-Eileanan Siar, agus tha e a' leanntainn a' prionnsapail bunaitich am broinn Achd na Gàidhlig gum bu chòir Gàidhlig agus Beurla a bhith a' faighinn spèis co-ionann. Tha an treas cuairt seo den Phlana airson 2019-22 a' togail air a' Phlana airson 2013-17, tro bhith a' dèanamh sgrùdadh air amasan, toraidhean agus adhartas a' Phlana seo.

3. Poileasaidh Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar

Is iad mion-amasan fad-ùine Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle:

- Ñ Leigeil leis gach neach a tha a' faotainn no a' cleachdadh seirbheisean na Comhairle, no a tha a' cur ris na seirbheisean deamocratach, sin a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no na Beurla, a rèir an roghainn fhèin;
- Ñ Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh sna h-Eileanan Siar;
- Ñ Brath a ghabhail air comas na Gàidhlig mar dhòigh gus cothroman cosnaidh a chruthachadh sna h-Eileanan Siar;
- Ñ Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg bhuidhnean poblach eile a bhios a' dèiligeadh ris a' Chomhairle, agus taic agus brosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh a thoirt do bhuidhnean agus ghnòthachasan a tha a' toirt seachad seirbheisean don phoball sna h-Eileanan Siar;
- Ñ Comas sgoilearan agus oileanaich a bhith dà-chànanach gu misneachail a leasachadh, gus an urrainn dhaibh làn chom-pàirt a ghabhail sa choimhearsnachd dà-chànanach dom buin iad;
- Ñ A' Ghàidhlig a stèidheachadh mar an cànan rianachail airson na Comhairle, le bhith a' solarachadh ghoireasan airson trèanadh ann-an-dreuchd agus gus leigeil le luchd-obrach na sgìlean cànain aca a leasachadh;
- Ñ Dèanamh cinnteach gu bheil seirbheis tron Ghàidhlig ri faotainn mar chòir, gun an fheum a bhith ga sireadh gu sònraichte;
- Ñ Dèanamh cinnteach gu bheil adhartasan teicneolasach air an cleachdadh gus ghnòthachasan ùra le buntanas don Ghàidhlig a tharraing do na h-Eileanan Siar.

4. Plana Cànain nan Eilean Siar (2006)

Chaidh *Pròiseact Plana Cànain nan Eilean Siar* a stèidheachadh ann an 2003 às dèidh co-chomhairle a chaidh a ghabhail le buidheann a' riochdachadh Comhairle nan Eilean Siar, Colaisde a' Chaisteal Leòdhais agus Comunn na Gàidhlig. Tha am Plana a tha air tighinn às a seo, stèidhichte air rannsachadh a rinneadh eadar 2003 agus 2006, a thaobh

cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan Eilean Siar, a gabhail a-steach co-chomhairle farsaing le muinntir choimhearsnachdan nan Eilean Siar tro bhith a' cur air dòigh coinneamhan poblach, gus faighinn a-mach am beachdan agus rùintean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.

Tha *Plana Cànain nan Eilean Siar* air a dhèanamh suas de 12 dual ro-innleachdail, a' còmhdach gach taobh de Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar, a bha air an comharrachadh ann am pròiseas beothachaidh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar. Is iad:

- Ñ Ìomhaigh agus Misneachd;
- Ñ Ionnsachadh Cànain;
- Ñ Taic airson Foghlam agus Cùram-chloinne;
- Ñ Eaconamaidh;
- Ñ Dualchas agus Eachdraidh Ionadail;
- Ñ Cultar agus na h-Ealain;
- Ñ Mothachadh;
- Ñ Daoine Òga;
- Ñ Spòrs;
- Ñ Na Meadhanan;
- Ñ Buidhnean sna h-Eileanan;
- Ñ Rannsachadh agus Leasachadh Cànain.

Tha *Plana Cànain nan Eilean Siar* a' sealltainn na lèirsinn, agus nan targaidean, a tha air am mìneachadh ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a rinneadh le Bòrd na Gàidhlig. Tha an dà Phlana a' freagairt air a chèile, agus tha ro-innleachdan a ghearras tarsainn agus a tha coltach ri chèile air cùl na dhà, gus a' Ghàidhlig ath-bheòthachadh aig ìre ionadail agus nàiseanta.

5. Plana Gnìomh Gàidhlig Roinn an Fhoghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, 2016-18

Tha Roinn an Fhoghlaim agus Sheirbheisean Cloinne air plana gnìomh trì bliadhna don Ghàidhlig airson 2016-18 a sgrìobhadh. Tha am plana seo, a tha air a mhaoineachadh le sgeama thabhartasan don Ghàidhlig, ag amas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh sna sgoiltean agus aonadan ro-sgoile air fad sna h-Eileanan, agus thathar an dùil gum bi e a' fighe a-steach do earrann "Gàidhlig ann am Foghlam agus Ionnsachadh" sa Phlana seo (dd.36-42). Tha na prìomh puingeann gnìomh na bhroinn:

- 1. An àireamh de chlann ro-sgoile clàraichte ann am FMG agus sgoiltean-àraich sna h-Eileanan àrdachadh;**
- 2. Leasachadh ann an solar FMG aig ìre bun-sgoil;**

3. Leasachadh ann an solar FMG aig ìre àrd-sgoil;
4. Leasachadh ann an cànan, cultar agus eachdraidh Gàidhlig, agus;
5. Leasachadh ann an iomadh-mheadhan didseatach.

6. Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Chaidh an sgrìobhainn stiùiridh seo, air a dhèanamh às dèidh rannsachadh agus co-chomhairleachadh farsaing, a bhuileachadh le Comhairle nan Eilean Siar, agus tha i a' mìneachadh frèam Bòrd na Gàidhlig airson a bhith a' deasachadh, a' structaradh agus a' leasachadh Plana Gàidhlig eagrachail, le cuideam ga chur air a bhith a' cumail ri prionnsabalan dealbhadh cànan.

7. Manifesto Riaghaltas na h-Alba 2016

Tha Manifesto Riaghaltas na h-Alba a' cur cuideam air foghlam Gàidhlig agus na h-Ealain Gàidhlig mar mheadhan air ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Alba:

- *“We will implement new legal duties and rights to support Gaelic medium education as part of our ongoing commitment to stabilize and increase the number of Gaelic speakers”,* agus;
- *“We support the central role of Gaelic arts in engaging people with the language, and enhancing the relevance of the language to Scottish society”.*

Tha na seachd sgrìobhainnean seo, mar sin, air na prionnsapalan stiùiridh a thoirt do Phlana Cànan Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022 gus a chur ri chèile, agus bho seo, tha na trì amasan stiùiridh, ro-innleachdail a leanas a' toirt bunait dha:

1. Gàidhlig a neartachadh mar chànan san teaghlach

Àitean Prìomhachais:

- a) Gàidhlig ann an ionnsachadh tràth-bhliadhnaichean agus cùram-cloinne;
- b) Ro-innleachdan a' cur taic ri agus a' cur air adhart cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig ann an dachaighean;
- c) Taic do phàrantan de chlann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

2. Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd

Àitean Prìomhachais:

- a) A' cur air adhart ìomhaigh mhisneachail de Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan;
- b) Gàidhlig sna h-ealain, ann an spòrs, agus ann an obair dualchais;
- c) Gàidhlig agus leasachadh eaconomach.

3. An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan àrdachadh

Àitean Prìomhachais:

- a) Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean;
- b) Gàidhlig ann an ionnsachadh agus cleachdadh didseatach;
- c) Ionnsachadh Gàidhlig às dèidh sgoile agus inbheach;
- d) Brosnachadh na Gàidhlig ann an àitean-obrach.

Structair a' Phlana

Tha na prìomh phàirtean de Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2019-2022 mar a leanas:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha an caibideil seo a' toirt seachad fiosrachadh mu dheidhinn na Comhairle agus a h-obair, agus fiosrachadh a thaobh: cleachdadh na Gàidhlig; dàta Gàidhlig bhon chunntas-sluaigh; agus solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, sna h-Eileanan Siar. Tha e cuideachd a' mineachadh a' cho-theacs laghail a thaobh a bhith a' deasachadh phlanaichean cànain Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan don Ghàidhlig

Tha an caibideil seo a' sealltainn, tro bhith a' cleachdadh bòrd-fiosrachaidh, ciamar a chleachdas a' Chomhairle Gàidhlig, agus ciamar a bhios i a' toirt comas do chleachdadh na Gàidhlig, a thaobh na h-obrach as cudromaiche aice agus ann a bhith a' libhrigeadh a seirbheisean poblach. Tha seo a' gabhail a-steach raointean cudromach mar dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball, cleachdadh na Gàidhlig air a làrach-lìn, agus mar sin air adhart. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach dealasan na Comhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean deamocratach, agus tha e a' cur an cèill an ìre de chleachdadh na Gàidhlig, aig a' char as lugha, a bhios a' Chomhairle a' solarachadh rè teirm a' Phlana.

Caibideil 3 – Raointean-gnìomh Gàidhlig

Tha an caibideil seo a' sealltainn, tro bhith a' cleachdadh bòrd-fiosrachaidh, a bharrachd air buileachadh nam Prìomh Dhealasan, ciamar a thèid am Plana a bhuileachadh a rèir sia Raointean-gnìomh, a thathar a' faireachdainn a tha air leth cudromach ann a bhith a' cur taic ris, agus ag ath-bheòthachadh, cleachdadh na Gàidhlig an dà chuid sa Chomhairle fhèin, agus sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar. Tha seo a' gabhail a-steach amannan nuair a tha co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig no leasachaidh eile feumail no freagarrach, agus tha e a' gabhail a-steach sreath fharsaing de raointean far an urrainnear leasachadh na Gàidhlig a chur an gnìomh sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar.

Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha an caibideil seo a' sealltainn ciamar a ghabhas buileachadh Plana Cànain na Comhairle 2013-2017 a dhèanamh, agus ciamar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean a' Phlana.

Fo-sgrìobhadh A – Cleachdadh na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar

San Ògmhios 2017, chaidh sgrùdadh air loidhne de sgìlean agus ìre cleachdaidh Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle thairis air na h-Eileanan a dhèanamh. Tha am fo-sgrìobhadh seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air toraidhean an sgrùdaidh.

Chapter 1 – Ro-ràdh

1. Comhairle nan Eilean Siar agus na h-Eileanan Siar: Bun-fhiosrachadh

Àireamh-sluaigh agus Sluagh-thomhas:

Chaidh Comhairle nan Eilean Siar a stèidheachadh ann an 1975, mar aon de 32 comhairle iomadh-adhbhar ann an Alba. A rèir a' Chunntas-sluaigh Nàiseanta, 2011, bidh i a' frithealadh 27,684 neach a tha a' fuireach sna h-Eileanan Siar⁵, àrdachadh de 4.5% air an àireamh-sluaigh clàraichte sa Chunntas-sluaigh 2001. 'S e sreath de 14 eileanan àitichte a th' anns na h-Eileanan Siar, a' còmhdachadh farsaingeachd de 3,000 cilemeatair ceàrnagach. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh eileanan: Leòdhas; Na Hearadh; Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas; Beinn na Fadhlà; agus Barraigh. Tha an àireamh-shluaigh a' fuireach sna h-eileanan seo mar a leanas:

Àireamh-sluaigh nan Eilean Siar (Cunntas-sluaigh 2011):

Leòdhas:	19,658
Na Hearadh:	1,916
Uibhist a Deas:	1,897
Uibhist a Tuath:	1,619
Beinn na faoghla:	1,330
Barraigh & Bhatarsaigh:	1,264

Tha lùghdachadh ri fhaicinn ann am meud cuibheasach theaglaichean nan Eilean, bho 2.32 ann an 2001, gu 2.17 ann an 2011, agus tha àireamh-sluaigh clann eadar aois 5-14 air a dhol sìos (-11.8%) bho 2001. A dh' aindeoin sin, tha àireamh-sluaigh clann aois 5 agus nas òige air àrdachadh (+4.7%) bho 2001.

Uàrdean:

Tha 31 Ball aig a' Chomhairle, air an taghadh gach còig bliadhna, a' riochdachadh nan naoi uàrdan mar a leanas:

- Uàrd 1 – Barraigh, Bhatarsaigh, Eirisgeigh agus Uibhist a Deas;
- Uàrd 2 – Beinn na Faoghla agus Uibhist a Tuath;
- Uàrd 3 – Na Hearadh agus Ceann a Deas nan Loch;
- Uàrd 4 – Sgìre Uige agus Ceann a Tuath nan Loch;
- Uàrd 5 – Sgìre an Rubha;
- Uàrd 6 – Steòrnabhagh a Deas;
- Uàrd 7 – Steòrnabhagh a Tuath;

⁵ Tha seo co-ionann ri Roinnean-phàrlamaid Westminster agus Holyrood, "Na h-Eileanan an Iar".

- Uàrd 8 – Loch a Tuath;
- Uàrd 9 – An Taobh Siar agus Nis.

Eaconamaidh agus Cosnadh:

A rèir a’ Chunntas-slaigh 2011, a-mach à 20,234 duine aois 16-74 sna h-Eileanan, tha 39% ann an obair làn-thìde, (’s e 40% an àireamh chuibheasach do dh’ Alba gu lèir), tha 10% ag obair air an ceann fhèin, (’s e 7% an àireamh chuibheasach do dh’ Alba gu lèir), agus tha 4% gun obair, (’s e 5% an àireamh chuibheasach do dh’ Alba gu lèir). Tha 20% de na 13,363 duine aois 16-74 a tha a’ cosnadh sna h-Eileanan ag obair ann an dreuchdan far a dh’ fheumar sgilean ciùird. ’S e seo an dàrna àireamh as motha ann an Alba.

Tha àireamhan bhon Office for National Statistics a’ sealltainn gun robh teachd a-steach teaghlaich iomlan de £15,392 airson gach neach a bha a’ fuireach sna h-Eileanan. B’ e £17,039 an àireamh chuibheasach do dh’ Alba gu lèir.

Tha turasachd fhathast mar aon de na prìomh roinnean a bhios a’ toirt brosnachadh dha eaconamaidh nan Eilean. Ann an 2014, fhuair an Islands Visitor Survey a-mach gun do thadhail 218,000 duine air na h-Eileanan agus chosg iad barrachd air £53.5 millean eadar Dàmhair 2012 agus Sultain 2013.

A rèir figearan na Comhairle ann an 2016, ’s ann aig na h-Eileanan, le 96.8%, a bha an àireamh a bu mhotha ann an Alba de sgoilearan a bha a’ fagail na sgoile le cinnt dè dhèanadh iad às dèidh làimh. Thòisich an àireamh as motha dhiubh, 39%, air cùrsaichean foghlaim adhartach, bha 22% eile air cùrsaichean foghlam leantainneach, agus bha 33% ann an dreuchdan.

A’ Chomhairle:

’S e a’ Chomhairle am fastaiche as motha sna h-Eileanan, agus ’s ann an Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, am baile as motha sna h-Eileanan, a tha am prìomh oifis. Bidh a’ Chomhairle a’ fastadh 1,750 duine air feadh nan eilean, agus bidh i a’ cosg £147 millean gach bliadhna. A thaobh a structair, tha ceithir Roinnean ann, a bhios a’ toirt seachad seirbheisean gu lèir na Comhairle. ’S iad mar a leanas:

- **Roinn an Àrd-oifigeir**
 - conaltraidhean; poileasaidh corporra; seirbheisean deamocratach; leasachadh na Gàidhlig; stòras daonna; seirbheisean laghail; seirbheisean nam Ball.
- **Roinn an Fhoghlaim, Sgilean agus Sheirbheisean Cloinne**
 - seirbheis tràth bhliadhnaichean; foghlam tro mheadhan na Gàidhlig; sgoiltean; spòrs agus slàinte.
- **Coimhearsnachdan**

- taic do ghnòthachasan agus ath-nuadhachadh; taic roinneil agus taic do phròiseactan; leabharlannan agus seirbheisean dualchais; seirbheisean leasachaidh; seirbheisean luchd-cleachdaidh agus àrainneachd.
- **Roinn Ionmhais, Maoin agus Ghoireasan**
 - cunntasaireachd; seirbheisean ionmhais; in-sgrùdadh; TF agus seirbheisean luchd-ceannaich.

Tha còig sreathan Comataidh ann gach bliadhna, nuair a bhithear a' beachdachadh air gnothachas na Comhairle. Tha na sia Comataidhean a bhios a' coinneachadh gach sreath mar a leanas:

- Comataidh Poileasaidh agus Stòrais;
- Comataidh Sgrùdaidh;
- Comataidh Choimhearsnachdan agus Taigheadais;
- Comataidh Foghlaim, Spòrs agus Sheibheisean Cloinne;
- Comataidh na Comhairle;
- Comataidh Slàinte agus Cùram Sòisealta;
- Comataidh Leasachadh Seasmhach, agus;
- Comataidh Còmh-dhail agus Bun-Structair.

A thuilleadh air sin, bidh fo-Chomataidh **Comataidh Buileachaidh Plana Cànain**, a bhios a' coinneachadh gach sreath Comataidh, agus a bhios a' cur aithisgean air beulaibh Comataidh Poileasaidh agus Stòrais, a' dèiligeadh ri ceistean leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle agus air feadh coimhearsnachdan nan Eilean.

2. Gàidhlig sna h-Eileanan an Iar

Sheall na toraidhean as ùr, bhon Chunntas-sluaigh 2011, gun robh:

Bha comas cànain Gàidhlig gu ìre air choreigin aig 61.2% de mhuinntir nan Eilean, aois trì agus nas sine, a' ciallachadh gu bheil sgilean aig 16,489 a mach à 26,929 duine gu lèir. Tha am figear seo air leth nas motha na an àireamh chuibheasach do dh' Alba gu lèir: 1.7% (87,056 duine).

A bharrachd air sin:

- 'S e 14,066, a' ciallachadh 52.3% den t-sluaigh, an àireamh de dhaoine aois trì is nas sine as urrainnear Gàidhlig a bhruidhinn sna h-Eileanan, an coimeas ri 1.1% (57,375 duine) airson Alba gu nàiseanta;

- 'S e 8,171, (a' ciallachadh 30.3% den t-sluagh), an àireamh de dhaoine aois trì is nas sine as urrainnear bruidhinn, leughadh agus sgrìobhadh Gàidhlig sna h-Eileanan, (an coimeas ri 0.6%, am figear nàiseanta);
- Tha àireamh tòrr nas motha sna h-Eileanan de dhaoine aois trì is nas sine aig a bheil comas Gàidhlig gu ìre air choreigin le 61.2%, an coimeas ri àite eile ann an Alba far a bheilear a' bruidhinn Gàidhlig gu traidiseanta, mar a' Ghàidhealtachd le 7.4%, no Earra-Ghàidheal is Bhòid le 5.9%;
- Sna h-Eileanan, bidh 73.7% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' cleachdadh a' chànan aig an taigh, an coimeas ri 41.5% air a' Ghàidhealtachd, agus 33.4% ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid;
- Ged a tha na h-Eileanan air 1,631 neach-labhairt na Gàidhlig a chall bho 2001, tha an ìre de lùghdachadh air a dhol sìos bho 19.6% ann an 2001, gu 10.4% ann an 2011.


Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:

Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh inbhe “Sgoil Gàidhlig” a chur air na sgoiltean sna h-Eileanan a leanas: Sgoil Bheàrnaraigh, Sgoil Bhreascleit, Sgoil Bhagh a' Chaisteil, Sgoil an Iochdair, Sgoil an t-Oib, agus Sgoil an Taobh Siar.

An-dràsta, tha a' Chomhairle a' tabhann foghlam Gàidhlig ro sgoile ann am 20 sgoiltean-àraich agus aonadan ro-sgoile air feadh nan Eilean. Gheibhear foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 19 bun-sgoiltean air feadh nan Eilean. Tha 709 sgoilearan an-dràsta ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna bun-sgoiltean seo ann an 2017/18, an taca ri 508 ann an 2012/13. Tha am Plana seo ag amas air 70% de sgoilearan clas Bun-sgoile 1 *gu lèir* sna h-Eileanan a chlàradh mar sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh ùine a' Phlana seo. Mar sin, thathar an dùil gum bi Gàidhlig mar phrìomh chànan teagaisg airson a' mhòr-chuid de sgoilearan bun-sgoil sna h-Eileanan. Tha **Figear 2** a' sealltainn far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann am bun-sgoiltean sna h-Eileanan, a thaobh Sgìrean Ionnsachadh Coimhearsnachd na Comhairle:

Figear 2: FMG ri fhaighinn ann am bun-sgoiltean nan Eilean⁶

⁶ Bho làrach-lìn na Comhairle *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig*:
<http://www.gaelicmediumeducation.com/primary.aspx>



A thaobh foghlam àrd-sgoile, tha sreath de chuspairean air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig sna ceithir àrd-sgoiltean sna h-Eileanan. Ann an 2017/18, thathas a’ teagasg ochd cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig, an taca ri 4-6 cuspairean ann an 2012/13.’S e dealas a’ Phlana seo gum bi foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn anns a h-uile àrd-sgoil S1-6 sna h-Eileanan aig ìre Foghlam Farsaing Coitcheann agus Nàiseanta 5, agus aig Àrd Ìre ro 2019.

Gàidhlig ann am Foghlam Adhartach:

Tha Colaisde a’ Chaisteil, (OGE), le làraichean ann an Steòrnabhaigh agus Beinn na Faoghla, a’ teagasg cheumannan *BA ann an Cànan agus Cultar na Gàidhlig*, agus *Gàidhlig is Leasachadh*, a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin, tha a’ Cholaiste a’ teagasg: BAH *Gàidhlig le Foghlam* tro mheadhan na Gàidhlig; PGDE ann an *Teagasg Bun-sgoile le Gàidhlig*; cùrsaichean Gàidhlig le teisteanasan UTA, bho Access 3 gu Gaelic/Gàidhlig aig an Àrd-ìre; agus cùrsa-bogaidh Gàidhlig làn-ùine. Tha cothroman ann cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh tro CPD, (Measadh Adhartais Luchd-

obrach), agus tha cùrsaichean Ùlpan aig ìrean eadar-dhealaichte rim faighinn air feadh nan Eilean, air an teagasg le luchd-teagaisg Colaisde a' Chaisteil.

3. Comhairle nan Eilean Siar agus Gàidhlig

Air sgàth neart traidiseanta na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd sna h-Eileanan Siar, tha a' Chomhairle air feuchainn ri gnè làidir Gàidhlig a chruthachadh taobh a-staigh na buidhne fhèin. Tha Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle a' cur cuideam air an amas seo, agus tha e air a bhith an gnìomh bhon fhìor thoiseach na Comhairle ann an 1975. Tha am Poileasaidh a' gabhail a-steach an amas san fharsaingeachd gus na h-Eileanan Siar a chumail gu bunaiteach mar, *“choimhearsnachd dhà-chànanach far a bheil an aon ùghdarras aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh”*. Ann a bhith a' coileanadh an amais seo, tha am Poileasaidh ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a bhith mar, *“phàirt riatanach de dh' obair na Comhairle a bhios a' drùidheadh air gach seirbheis”*.

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil àite sònraichte aig a' Ghàidhlig ann am beatha muinntir nan Eilean Siar, agus gu bheil i mar phàirt neo-dhealachaidh de dhearbh-aithne nan Eileanach. Tha Gàidhlig fhathast na chànan coimhearsnachd làidir air feadh nan Eilean, mar a chìtear ann am figearan a' Chunntas-sluaigh 2011, agus tha i a' sìoladh tro gach taobh de bheatha annta, mas e ann an: obair; ann am foghlam; gnothachas; seirbheisean slàinte; taigheadas; àiteachas agus tuathanachas; creideamh; sna h-ealain; san roinn saor-thoileach; spòrs; no sna meadhanan, a tha i.

Chaidh dealas na Comhairle ri Gàidhlig a chur an gnìomh san dòigh as làidire agus as follaisiche anns an Fhaoilteach 1998, nuair a dh' atharraich gu laghail “Western Isles Council” a h-ainm gu “Comhairle nan Eilean Siar”, a' sealltainn gu làidir gun robhar airson an cànan a chur air adhart.

Sgioba na Gàidhlig:

Ann an 2001, chuir a' Chomhairle “Sgioba na Gàidhlig” ri chèile, sgioba de dh' oifigearan sa Chomhairle aig an robh an dleastanas coileanadh Poileasaidh Gàidhlig air feadh na buidhne a lìbhrigeadh. Bho 2007 a-mach, tha Sgioba na Gàidhlig cuideachd air dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle a bhuileachadh air feadh na buidhne, agus sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar. Mar sin, bidh an t-uallach as motha air Sgioba na Gàidhlig am Plana seo airson 2019-2022 a stiùireadh bho latha gu latha.

Tha dealas làidir agus maireannach na Comhairle ri Gàidhlig, mar a chaidh a chur an cèill sa Phlana seo, a' dèanamh cinnteach gum bi i a' leantainn oirre feuchainn ri

Gàidhlig a stèidheachadh mar am prìomh chànan a thèid a chleachdadh ann a bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean poblach sna h-Eileanan Siar.

4. Co-theacs airson Leasachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cur a-mach brath:

Bha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air a cur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri daingneachadh inbhe na Gàidhlig ann an Alba mar chànan oifigeil den dùthaich, agus gum dèanamh cinnteach gum faigheadh Gàidhlig spèis co-ionann ri Beurla. 'S e aon de na prìomh earrannan taobh a-staigh na h-Achd 2005, cumhachd a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ag iarraidh air buidhnean poblach, mar Chomhairle nan Eilean Siar, planaichean Gàidhlig a dheasachadh, agus an ath-nuachadh gach còig bliadhna. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil an raon poblach ann an Alba a' cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh inbhe sheasmhach dha Gàidhlig, tro bhith ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh a' chànan, agus a' cruthachadh chothroman far an cleachdar i. Mar sin, tha Comhairle nan Eilean Siar air a Plana Cànan Gàidhlig airson 2019-2022 a dheasachadh, a' togail air amasan a' chiad dà chuairt den Phlana airson 2007-2012 agus 2013-2017, agus a' conaltradh gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig gus seo a dhèanamh.

Co-chomhairleachadh air dreachd Phlana Gàidhlig:

Fon Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach fios a sgaoileadh don phoball, do bhuidhnean poblach eile agus don fheadhainn eile le ùidh na chuspair, mu dheasachadh am Planaichean Cànan Gàidhlig. Mar sin, chuir Comhairle nan Eilean Siar dreachd den Phlana Cànan Gàidhlig seo tro phròiseas co-chomhairleachaidh poblach fad sia seachdainean, eadar 9 Dàmhair agus 20 Samhain, 2017, agus chaidh sùim a ghabhail de bheachdan a fhuair i sa phròiseas co-chomhairleachaidh seo. A bharrachd air seo, chaidh sgrùdadh a dhèanamh air an Dreachd Phlana le Buill *Comataidh Buileachadh Plan Cànan*, an comataidh sa Chomhairle a bhios a' stiùireadh buileachadh Plana Gàidhlig na Comhairle.

Ag aontachadh ri Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2019-2022:

Chaidh an dreachd mu dheireadh de Phlana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig air 23/5/19, agus chaidh aontachadh ris air 5/6/19.

Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan don Ghàidhlig

Ann an *Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*, thathar a’ cur an cèill gur e cruthachadh a’ cho-theacs ceart gus cleachdadh na Gàidhlig a dh’ ath-bheòthachadh ann am beatha phoblach aon de na prìomh rudan a chur ann an àite. Mar sin, tha am Bòrd air ceithir cuspairean a chomharrachadh a thathar a’ faicinn mar deatamach a thaobh a bhith a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an obair bhuidhnean poblach agus ann a bhith a’ libhrigeagadh sheirbheisean poblach, agus gum bu chòir dha buidhnean, mar Chomhairle nan Eilean Siar, a bhith a’ beachdachadh air na cuspairean seo nuair a dheasaicheas iad am Planaichean Cànan Gàidhlig. Tha na ceithir cuspairean mar a leanas:

1. Dearbh-aithne

Tha seo a’ gabhail a-steach mar a dh’ fhaodar faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh, taobh a-staigh no taobh a-muigh na buidhne, rud a bhios a’ cur ri inbhe a’ chànain. Tha seo a’ gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- **Ainm Gàidhlig**
- **Soidhnichean Dà-chànanach**
- **Cairtean-aithne an Luchd-obrach**
- **Prìomh Luachan**
- **Sluagh-ghairm Dà-chànanach**
- **Bathar na Comhairle**

2. Conaltradh

Tha seo a’ gabhail a-steach mar a dh’ fhaodar am poball seirbheisean na buidhne a chleachdadh tro mheadhan na Gàidhlig, rud a bhios a’ brosnachadh cleachdadh a’ chànain. Tha seo a’ gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- **Fàilteachadh**
- **Fòn**
- **Litrichean agus Puist-d**
- **Modh Gearain**
- **Ceistean mu Eadar-theangachadh**
- **Taghaidhean**
- **Tachartasan Catharra**
- **Baidsean Gàidhlig**

3. Foillseachaidhean

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar am buidheann poblach a bhith a' foillseachadh barrachd stuth sgrìobhte ann an Gàidhlig, agus mar a bhios am buidheann a' dèiligeadh ris na meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' togail ìomhaigh a' chànain, agus a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- [Foirmichean agus Pàipearachd](#)
- [Bileagan, Leabhranan agus Postairean](#)
- [Conaltradh leis na Meadhanan](#)
- [Làrach-lìn](#)
- [Facebook agus Twitter](#)
- [Taisbeanaidhean](#)

4. Luchd-obrach

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar sgilean cànan Gàidhlig luchd-obrach na buidhne a leasachadh, gus am faodar seirbheisean a libhrigeadh nas fheàrr tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- [Dreuchdan far am biodh Gàidhlig Buannachdail](#)
- [Sanasachd Fastaidh](#)

'S iad "Prìomh Dhealasan" na buidhne don Ghàidhlig a th' anns na ceithir cuspairean seo, oir tha iad a' sealltainn ciamar a tha Comhairle nan Eilean Siar an dùil cleachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus inbhe a' chànain àrdachadh, anns a h-obair gu làitheil, agus ann an libhrigeadh a seirbheisean poblach.

Mar sin, tha am bòrd-fiosrachaidh air duilleagan 23-31 a' sealltainn nam Prìomh Dhealasan aig a' Chomhairle don Ghàidhlig, a thaobh nan ceithir cuspairean air an aithneachadh le Bòrd na Gàidhlig san sgrìobhainn Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Prìomh Dhealasan na Comhairle don Ghàidhlig

Suidheachadh Gnàthaichte

Bhon a chaidh “Comhairle nan Eilean Siar” a stèidheachadh mar bhuidhean laghail san Fhaoillteach 1998, tha a’ Chomhairle air tòrr a dhèanamh gus cleachdadh na Gàidhlig a chur aig cridhe a dearbh-aithne, a h-obrach gu làitheil, agus na seirbheis poblach a thathar a’ toirt seachad. Tha Poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann bhon a chaidh a’ Chomhairle a stèidheachadh, le dealas làidir ann gun tèid Gàidhlig agus Beurla a làimhseachadh gu cothromach anns a h-obrach agus seirbheisean a thathar a’ toirt seachad. Bidh am Poileasaidh seo an uairsin a’ fighe a-steach do Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle, air a stiùireadh le Sgioba na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle, a bhios a’ cur aithisgean air beulaibh Comataidh Gàidhlig na Comhairle, Comataidh Buileachaidh Plana Cànain.

Mar sin, bidh am Plana seo a’ dèanamh cinnteach: gum bi tòrr shoidhichean dà-chànanach Gàidhlig agus Beurla taobh a-muigh agus taobh a-staigh thoglaichean na Comhairle; gum bi co-dhiù aon neach ann an còmhnaidh ag obair ann an àitean fàilteachaidh g’e bith cuin a bhios e; gum tèid dèiligeadh ris a’ phoball ann an Gàidhlig air a fòn ma ’s e sin a bu mhiann leotha; gum tèid litrichean agus puist-d Gàidhlig a dh’ fhreagairt ann an Gàidhlig, agus cho luath ’s a thèid litir ann am Beurla a dh’ fhreagairt; gum tèid Gàidhlig a chleachdadh ann am foirmichean, foillseachaidhean agus pàipearachd na Comhairle; gum tèid Gàidhlig a chleachdadh air làrach-lìn na Comhairle; gum tèid brathan-naidheachd cudromach a-mach ann an cruth dà-chànanach; gum tèid ceistean eadar-theangachaidh Gàidhlig bhon phoball a dhèiligeadh le Sgioba na Gàidhlig; gum tèid post-d no litir gearain sa Ghàidhlig a dh’ fhreagairt cho luath ’s a thèid post-d no litir ann am Beurla a dh’ fhreagairt; gum tèid Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltraidhean sna meadhanan sòisealta; gum bi taisbeanaidhean na Comhairle ann an cruth dà-chànanach; agus gum tèid sanasan airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach a-mach ann an Gàidhlig a-mhàin.

Dearbh-aithne

Amas	Gnìomhachadh	Oifigear(an) an Urra	Raon-ama	
Dearbh-aithne chorporra làidir Gàidhlig airson na Comhairle	<p>Ainm Gàidhlig:</p> <ul style="list-style-type: none"> Cleachd an t-ainm, “Comhairle nan Eilean Siar”, a h-uile turas. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Leantainneach	
	<p>Soidhnichean Dà-chànanach:</p> <ul style="list-style-type: none"> Meudaich agus ùraich soidhnichean dà-chànanach ann an toglaichean na Comhairle. Bidh an litreachadh ann am Beurla 's sa Ghàidhlig den aon mheud. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<ul style="list-style-type: none"> Meudaich soidhnichean dà-chànanach a chleachdar airson ùinichean goirid, m.e. “Briste”, “Coinneamh ga Cumail”, Oifis an Taghaidh”. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<p>Cairtean-aithne an Luchd-obrach:</p> <ul style="list-style-type: none"> Cuir “Comhairle nan Eilean Siar” air cairtean-aithne an luchd-obrach agus lainneardan. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Leantainneach	
	<p>Prìomh Luachan:</p> <ul style="list-style-type: none"> Cuir Prìomh Luachan na Comhairle ann an cruth dà-chànanach. 	Sgioba na Gàidhlig	2019	
	<p>Sluagh-ghairm Dà-chànanach:</p> <ul style="list-style-type: none"> Meudaich cleachdadh na sluagh-ghairm dà-chànanach, “<i>Ag obair airson nan Eilean/Working for the Isles</i>”, ann am puist-d, litrichean agus air an làrach-lìn. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	2019	
	<p>Bathar na Comhairle:</p> <ul style="list-style-type: none"> Cuir “Comhairle nan Eilean Siar” air bather na Comhairle, m.e. bratan-lucha, biorain-stòrais, dulachan-iuchrach, amsaa. 	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Rè teirm a’ Phlana	

